

# Leuman an sàs




An teacsa Monica Hughes  
Dealbhan Robert McPhillips  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR




'S e leumadair a bha ann an Leuman.  
Bha e toilichte sa mhuir.  
Aon là dh'fhalbh Leuman a chluich  
còmhla ri leumadairean mòra.



Shnàmh na leumadairean mòra  
fo na stuaghan.

Rinn Leuman sin cuideachd.



Shnàmh na leumadairean mòra  
thairis air na stuaghan.

Rinn Leuman sin cuideachd.



Leum Leuman suas às a' mhuir.  
Chunnaic e bàta agus  
shnàmh Leuman ga coimhead.




Ach dh'fhalbh am bàta.

Shnàmh Leuman às a dèidh.

“Stad! Stad!” dh'èigh na leumadairean mòra.

“Till, a Leumain!”




Chaidh am bàta suas air an tràigh.

Chaidh Leuman suas air an tràigh cuideachd.

“Cuidich mi!” dh’èigh Leuman.


“Cha toil leam seo.”



Chunnaic na leumadairean mòra Leuman.


“Leum às an sin, a Leumain,”

dh’èigh iad.




Leum agus leum Leuman  
ach cha b' urrainn dha faighinn às an siud.






Thàinig stuagh mhòr suas air an tràigh.  
“Leum dhan stuaigh,”  
dh’èigh na leumadairean mòra.  
Leum agus leum Leuman,  
ach cha b’ urrainn dha leum dhan stuaigh.



Thàinig stuagh mhòr a-steach air an tràigh.  
“Siuthad, a Leumain,” dh’èigh na leumadairean.  
“Leum a-mach a-nis!  
Leum dhan stuaigh seo.”



Thàinig an stuagh mhòr thairis air Leuman.  
Leum Leuman suas dhan stuaigh  
agus shnàmh e a-mach gu muir.



Bha Leuman uabhasach toilichte.

Bha na leumadairean uile toilichte.

Shnàmh iad uile còmhla a-mach gu muir.